



FREAGAIRT BÒRD NA GÀIDHLIG

DON CHO-CHOMHAIRLEACHADH AIR

BARRACHD CUMHACHD DO SGOILTEAN

Tha dleastanasan reachdail a thaobh foghlam Gàidhlig air Bòrd na Gàidhlig, fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus ann an 2017 dh'fhoillsich am Bòrd Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig. 'S e sin am prìomh sgrìobhainn airson foghlam Gàidhlig, agus e na Stiùireadh a tha stèidhichte air rannsachadh, eòlas agus sàr mhodhan-obrach, airson ùghdarrasan foghlaim, phàrantan agus daoine eile, leithid cheannardan-sgoile.

Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom beachdan a thoirt seachad air na cumhachan ann am Bile an Fhoghlaim (Alba) a thathar a' moladh, agus tha na beachdan uile againn stèidhichte air na prionnsapalan airson foghlam Gàidhlig a chithear san Stiùireadh Reachdail againn.

Tha sinn a' dèanamh toileachas ri mar a tha Riaghaltas na h-Alba ag amas air sàr ìrean foghlaim a thoirt gu buil, agus tha sinn an dùil gum bi reachdas sam bith a tha air a dhealbh gus na h-ìrean sin a choileanadh, mar phrionnsapal bunaiteach, ag aithneachadh agus a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig chun na h-aon ìre 's a tha e ag aithneachadh is a' toirt taic do dh'fhoghlam Beurla.

CEISTEAN 1-7: CAIRT NAN CEANNARDAN-SGOILE

Bu mhath le Bòrd na Gàidhlig nan dèanadh Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi foghlam Gàidhlig air a dhìon, air a chur air adhart agus gum faigh e taic an lùib nan iomairtean ùra seo - Cairt nan Ceannardan-sgoile, Planaichean Leasachaidh agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil - a rèir nan cumhachan reachdail a gheibhear ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus san Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

Foghlam Gàidhlig

Tha foghlam Gàidhlig, a tha a' gabhail a-steach foghlam tron Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a' faotainn taic chunbhalach is fheumail bho Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba. Tha seo air a bhith cudromach ann a bhith a' brosnachadh phàrantan gus an cuid chloinne a chur gu foghlam Gàidhlig agus tha e na bhrosnachadh don fheadhainn a tha airson taic a thoirt don iomairt gus fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig agus air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha e cudromach gun lean an taic seo an dà chuid bho Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba.

'S e an t-amas as motha a th' aig molaidhean a' Bhìle, gun tig piseach air foghlam sgoile. Ge-tà, bu chòir a dhèanamh soilleir gum bu chòir an dleastanas seo a choileanadh a thaobh foghlam tron Bheurla agus foghlam tron Ghàidhlig.

An Curraicealam

Ged a thathar air adhartas nach beag a dhèanamh a thaobh foghlam Gàidhlig, tha an roinn fhathast ann an suidheachadh gu math cugallach agus tha cunnart ann gum faodadh co-dhùnaidhean a dhèanadh ceannardan-sgoile cron a dhèanamh, gun fhiosta dhaibh, air foghlam Gàidhlig air an tàinig fàs thar nam bliadhnaichean. Tha atharraichean sa churraicealam air buaidh a thoirt a-cheana air Gàidhlig agus nuadh-chànanan eile aig na h-Àrd Ìrean. Leis na cumhachdan a bharrachd aig ceannardan gus an curraicealam ionadail aca fhèin a dhealbh is a libhrigeadh, tha cothrom ann 's dòcha a' bhuaidh sin a lùghdachadh agus thathar a' cur fàilte air leasachaidhean sam bith a thaobh sin.

Na Cumhachan Reachdail a th' ann An-dràsta

Leis na h-atharraichean is cumhachan reachdail ùra, feumar dèanamh cinnteach gu bheil dìon air foghlam Gàidhlig. Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail aire a thoirt do na cumhachan reachdail a th' ann a-cheana agus don stiùireadh reachdail agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil tuigse mhath aig ceannardan-sgoile orra feuch an urrainn do cheannardan-sgoile cumail orra a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus a' cur foghlam Gàidhlig air adhart sna sgoiltean aca.

Cuideachd, feumaidh na planaichean leasachaidh airson sgoiltean aire a thoirt don Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, a chaidh aontachadh fon Achd 2016, agus do Phlana Gàidhlig reachdail sam bith a chaidh aontachadh aig ìre an ùghdarrais ionadail. Tha dragh ann gur dòcha nach bi iomradh gu leòr ann an Cairt nan Ceannardan-sgoile air a bhith a' toirt taic do agus a' cur foghlam Gàidhlig air adhart. Bu chòir co-chonaltradh is oidhirpean iomchaidh a dhèanamh gus dèanamh cinnteach nach tachair sin.

Tha cunnart eile co-cheangailte ri seo far am faodadh e a bhith nach bi ceannardan-sgoile a' fastadh an luchd-obrach a tha dhìth le sgilean Gàidhlig mar bu chòir, thoradh bheireadh sin droch bhuaidh air fàs is leasachaidhean ann am foghlam tron Ghàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Uallaichean Obrach nan Ceannardan-sgoile

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gu bheil e deatamach gum faigh ceannardan-sgoile barrachd saorsa gus leasachaidhean ann an teagasg is ionnsachadh a thoirt air adhart ann an dòigh nas com-pàirtiche is nas sùbailte airson gun ruigear air ìrean-coileanaidh nas àirde am measg sgoilearan. Ge-tà, tha e cudromach gun tèid an t-atharrachadh seo a thoirt a-steach gun cus uallaich tighinn air ceannardan-sgoile air a bheil dleastanasan nach beag mu thràth.

Tha tòrr uallaichean air àrd-luchd-dreuchd mu thràth. 'S e dùbhlán a tha sin a thaobh a bhith a' trusadh luchd-obrach airson nan dreuchdan seo agus cuideachd feumaidh e a bhith comasach do sgoiltean curraicealam a dhealbh a tha a' cumail ri prìomhachasan an riaghaltais airson ìrean-coileanaidh is sàr-mhathais.

Taic do Cheannardan-sgoile

Tha e riatanach gum faigh ceannardan-sgoile, a tha an sàs ann a bhith a' leasachadh is a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig, taic chunbhalach aig ìre ionadail, sgìreil is nàiseanta. Nì sin cinnteach gum faigh foghlam tron Ghàidhlig a cheart uimhir de bhuannachdan 's a gheibh foghlam tron Bheurla bho leasachaidhean is taic sam bith a bhios ann.

Tha tuigse aig ceannardan-sgoile mu thràth gur ann an urra riutha fhèin a tha e gu ìre mhòir dèanamh cinnteach gu bheil feallsanachd shoilleir is làidir a' stiùireadh foghlam na sgoile aca. Ge-tà, leis na dleastanasan ùra seo, bidh feum air prògram le structar airson comhairleachadh, taic is trèanadh ionadail a thoirt dhaibh.

Maoineachadh

Chunnacas adhartas le foghlam Gàidhlig ann an Alba agus tha fàs ri fhaicinn ann am FtG agus FLI. Tha seo mar thoradh air mar a chaidh goireasan is luchd-obrach a chur gu feum ann an dòigh cho-rèireach agus a rèir plana. Ma tha atharraichean sam bith gu bhith ann air na modhan-maoineachaidh airson sgoiltean, feumar ealla a ghabhail ris an t-siostam a th' ann an-dràsta airson foghlam Gàidhlig le Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte.

Tha an suidheachadh a gheibhear sna diofar sgoiltean air feadh Alba a tha a' libhrigeadh FtG gu math eadar-dhealaichte, agus tha beagan dragh ann, ma bhios foirmle maoineachaidh nàiseanta no ionadail ann nach gabh ealla ris na diofar shuidheachaidhean sin, nach tèid frithealadh gu ceart air na sgoiltean.

CEISTEAN 8, 9, 10: CONALTRADH RI PÀRANTAN IS A' CHOIMHEARSNACHD

Tha na leasachaidhean a tha san amharc san fharsaingeachd freagarrach airson a bhith a' conaltradh ri pàrantan is a' neartachadh co-obrachadh le sgoiltean. Tha pàrantan fìor chudromach san fharsaingeachd do mar a shoirbhicheas le pàiste. Gu h-eachdraidheil, agus san latha an-diugh, tha pàrantan air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' leudachadh air an iarrtas airson FtG agus ann a bhith a' cur taic ri soirbheachas FtG. Tha sinn a' cur fàilte air ath-leasachaidhean a bheir bun-stèidh laghail do agus a dhaingnicheas an taic aca. Tha e cuideachd freagarrach gun tèid na dleastanasan is cumhachdan co-cheangailte ri pàrantan a bhith a' gabhail pàirt a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne a gheibh maoineachadh poblach.

CEISTEAN 11 IS 12: SGOILEARAN A' GABHAIL PÀIRT

Tha e deatamach gun tèid guthan na cloinne a chluinntinn agus gun tèid èisteachd riutha. Bu chòir luchd-ionnsachaidh òga a phiobrachadh gu bhith a' gabhail làn-phàirt san ionnsachadh aca agus bu chòir gum faigh iad an cothrom pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean a bheir buaidh air an t-slighe ionnsachaidh aca.

CEISTEAN 13-16: CAIDREACHASAN LEASACHAIDH ROINNEIL (CLR)

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair mu thràth còmhla ri taghadh farsaing de bhuidhnean com-pàirteach gun dèanamh cinnteach gun tèid foghlam Gàidhlig èifeachdach a libhrigeadh aig ìre sgìreil is ionadail agus tha sinn toilichte cumail oirnn a' toirt taic do na buidhnean sin agus leudachadh air seo nuair a thèid iarraidh oirnn. Tha sinn den bheachd gu bheil seo riatanach ma tha foghlam Gàidhlig a' dol a chumail air a' soirbheachadh.

Taobh a-taigh nan roinnean foghlaim ùra, bhiodh Bòrd na Gàidhlig a' sireadh gheallaidhean gun toir iad taic do FtG, FLI agus do chothroman a bharrachd gu Gàidhlig a dhèanamh na pàirt den ro-innleachd 1+2 chànan agus gun dèanar cinnteach gum faigh a h-uile neach-obrach an sàs ann am foghlam Gàidhlig cothroman air taic agus sàr thrèanadh gus na sgilean proifeiseanta aca a leasachadh.

Tha e deatamach gum bi riochdairean bho roinn foghlam na Gàidhlig an sàs sna Caidreachasan, gus an urrainn dhaibh comhairle a thoirt seachad agus leasachaidhean a mholadh airson FtG is FtB. Feumaidh foghlam Gàidhlig a bhith na phàirt de na Planaichean Leasachaidh aig na CLR.

Feumaidh Caidreachasan Leasachaidh Roinneil dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus ga chur air adhart. Feumaidh e a bhith nas soilleire ciamar agus cò bhuaithe a gheibh na Caidreachasan Leasachaidh Roinneil comhairle air FtG. Feumaidh sin cuideachd a bhith air a chur air dòigh gu foirmeil.

Tha e cudromach gun dèan gach Caidreachas Leasachaidh Roinneil aithris gu cunbhalach do luchd-ùidhe. Tha sinn a' moladh aithris a dhèanamh gach bliadhna.

Bu chòir stiùireadh reachdail sam bith a bhios ann ealla a ghabhail ris an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

CEISTEAN 17-18: COMHAIRLE LUCHD-OBACH FOGHLAIM NA H-ALBA

Tha an t-adhbhar agus na h-amasan a thathar a' moladh airson na buidhne ùire, Comhairle Luchd-obrach Foghlaim na h-Alba (CLFA), a' buntainn ris na h-atharraichean a thathar a' moladh an-dràsta mar phàirt den Ath-sgrùdadh air Foghlam agus nì iad cinnteach gum bi Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-beatha ga leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach an luchd-obrach foghlaim san fharsaingeachd. San fharsaingeachd tha dleastanasan CLFA freagarrach.

A' dol leis an dleastanas, a bhith a' toirt comhairle neo-eisimeileach seachad stèidhichte air fianais a thaobh planadh luchd-obrach, bu chòir dleastanas a bhith ann aire a thoirt do mar a tha feum air barrachd luchd-obrach Gàidhlig. Mar roinn stèidhichte de dh'fhoghlam na h-Alba, tha e riatanach gum bi aithne air a thoirt do gach neach-obrach Gàidhlig agus gum bi iad air an clàradh. Bhiodh e freagarrach tha fhios nan cruinnicheadh a' Chomhairle dàta air sgilean luchd-obrach Gàidhlig mar phàirt den dleastanas aice a bhith a' toirt taic do agus a' toirt piseach air cothroman leasachaidh proifeiseanta.

Tha foghlam Gàidhlig a' soirbheachadh agus tha an t-iarrtas airson barrachd luchd-obrach a' dol am meud gu cunbhalach, tha e fìor chudromach gun cruinnich CLFA dàta agus gun dèan iad planadh airson sin.